



## Stiùireadh Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh Gàidhlig do Thidsearan 2020/21

### Guidance for Gaelic Immersion Courses for Teachers Grants 2020/21

#### Mu dheidhinn na Maoinne

Leis gu bheil Cùrsa Bogaidh Gàidhlig do Thidsearan (GIFT) fo lèirmheas an-dràsta, tha Bòrd na Gàidhlig a' tabhainn cothroman taic-airgid eadar-amail do dh' Ùghdarrasan Ionadail gus taic a chumail ri thidsearan le teisteanasan gus gluasad a-steach do foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Ann an co-bhanntachd le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Oilthigh Ghlaschu, thathar toirt cuireadh do dh' ùghdarrasan ionadail gus tagraichean iomchaidh a mholadh aig a bheil ùidh ann a bhith gabhail cùrsa bogaidh Gàidhlig fad bhliadhna gus an urrainn dhaibh gluasad a-steach do foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns an Lùnastal 2021.

#### Tidsearan a gheibhear taic

Faodaidh ùghdarrasan ionadail iartras a chur a-steach as leth tidsear sam bith a tha iad air fhadhadh, gus cothrom a thabhann dhaibh cùrsa bogaidh Gàidhlig a dhèanamh gus an urrainn dhaibh teagaisg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig as dèidh dhaibh crìoch a chur air a' chùrsa.

Feumaidh tidsearan a tha cur a-steach airson cùrsa a' ruighinn ìre de cho-dhiù B1 air sgèile CLAG ([tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn an seo](#)), a tha co-ionnan ri Àrd-Ìre Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) fhaighinn, agus a bhith coileanadh na feumalachdan airson dol a-steach dhan chùrsa mar a tha an colaiste/oilthigh a chur romhpa.

#### About the Fund

As the Gaelic Immersion for Teachers Course (GIFT) is currently under review, Bòrd na Gàidhlig are offering interim funding opportunities for Local Authorities to support qualified teachers to move into Gaelic Medium Education.

In conjunction with the University of the Highlands and Islands & the University of Glasgow, local authorities are invited to put forward suitable candidates who are interested in participating in a year-long Gaelic immersion course to enable them to move into Gaelic Medium Education in August 2021.

#### Teachers this fund aims to support

Local authorities may apply for funding on behalf of any teacher they employ to provide them with the opportunity to undertake a Gaelic immersion course, so that they can go on to teach in Gaelic-medium education after completion of the course.

Teachers enrolling on a course must be able to meet a minimum standard of B1 on the CLAG scale ([further information available here](#)) which is equivalent to having attained Higher (Learners) Gaelic, and meet all necessary requirements for enrollment on the course as set by the college/university.

Feumaidh ùghdarrasan ionadail ainmeachadh san iarrtas an sgoile anns a bheil iad an dùil gum bi an tidsear a theagaisg as dèidh dhaibh crìoch a chur air a chùrsa, far am bithear an dùil gum bi iad teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig airson co-dhiù bhliadhna.

Anns na h-iarrtasan aca, bhitheamaid airson gum bi ùghdarrasan mìneachadh na bhuannachdan a bhios iad an dùil le bhith clàradh tidsearan air cùrsa bogaidh Gàidhlig, is a' togail gu sònraichte air:

#### **A' cur ris na cothroman a th' ann air foghlam tron Ghàidhlig**

*Tha sinn airson taic a chumail ri ùghdarrasan ionadail far am bi clàradh tidsearan air cùrsaichean bogaidh Gàidhlig a' toirt am buaidh a bu mhotha air ruigsinneachd fad-ùine de foghlam tro mheadhan na Gàidhlig anns an sgìre.*

#### **A' cur ri inbhe na Gàidhlig ann am planadh luchd-obrach**

*Tha sinn airson taic a chumail ri ùghdarrasan ionadail aig a bheil beachd soilleir air mar a bhios clàradh tidsearan air cùrsaichean bogaidh Gàidhlig a' cur ris an luchd-obrach teagaisg.*

Thèid iarrtasan a mheasadh le pannal de dh' oifigearan Bòrd na Gàidhlig a bhios dearbhadh gu bheil iad leantainn riaghailtean a' mhaoin agus gu bheil na tidsearan air am moladh a' freagairt air na slatan-tomhais a tha a dhìth airson nan cùrsaichean.

Ma tha barrachd iarrtas airson taic-airgid na tha ri fhaighinn sa bhuidseat, bidh oifigearan a' toirt prìomhachas do iarrtasan a-rèir:

- Cho math agus a tha an iarrtas sealltainn luach an airgid airson taic-airgid Bòrd na Gàidhlig
- Cho math agus a tha an iarrtas sealltainn na bhuannachdan a bhios aig clàradh tidsearan air cùrsa bogaidh Gàidhlig air comasan an ùghdarras gus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a libhrigeadh

Local authorities must specify in the application at which school they intend for each teacher to be placed after completing the course, where they will be expected to teach in Gaelic-medium education for a minimum of one year.

In their applications, we would like authorities to explain the benefits they expect as an outcome of enrolling teachers on a Gaelic immersion course, with particular reference to:

#### **Improving the accessibility of Gaelic-medium education**

*We would like to support local authorities where enrolling teachers on Gaelic immersion courses will make a larger impact on the long-term availability of Gaelic-medium education within the authority.*

#### **Enhancing the Gaelic's role within workforce planning**

*We would like to support local authorities that have a clear vision as to how enrolling teachers on Gaelic immersion courses will enhance the teaching workforce.*

Applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers who will ensure that they adhere to the rules of the fund and that the nominated teachers meet the criteria required for the courses.

In the event that there is greater demand for funding than available budget, officers will prioritise funding based upon:

- How well the application demonstrates value for money for Bòrd na Gàidhlig's funding
- How well the application demonstrates the benefits that enrolling teachers on a Gaelic immersion course will have on the authority's ability to deliver Gaelic-medium education

## Cùrsaichean bogaidh a tha ceadaichte

### OGE – An Cùrsa Comais

Air an lìbhrigeadh tro Colaisde a' Chaisteil no Sabhal Mòr Ostaig, 's e cùrsa Gàidhlig dùmhail agus eadar-ghnìomhach a th' anns An Cùrsa Comais airson luchd-ionnsachaidh aig ìre eadar-mheadhanach a tha ag amas air fileantachd sa chànan. Tha cuideam a bu mhotha air sgilean cànan, an dà chuid labhairt agus sgrìobhadh, ach tha cuspairean eile air an toirt a-steach fhad 's a tha an cùrsa a' leantainn.

[Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn air-loidhne an seo.](#)

### Oilthigh Ghlaschu

Tha an Teisteanas Foghlaim Àrd-Ìre seo a' toirt cothrom dhuibh sgilean Gàidhlig a thogail aig àrd-ìre, còmhla ri eòlas agus tuigse farsaing fhaighinn air cànan, cultar is litreachais na Gàidhlig, tro bogadh sa Ghàidhlig aig àrd-ìre. Tha am prògram seo iomchaidh airson luchd-ionnsachaidh a tha nan inbhich agus proifeiseantaich ann am foghlam a tha airson fileantachd aca sa Ghàidhlig a thoirt air adhart.

## Riaghailtean airson na maoinne

### Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Tha an sgeama fosgailte do dh'ùghdarrasan ionadail ann an Alba a tha airson tidsearan a chlàradh airson cùrsa bogaidh Gàidhlig leis an amas cur ris na seirbheisean airson foghlam tron Ghàidhlig aca.

Chan eil e riatanach gum bi plana Gàidhlig reachdail neo foghlam tron Ghàidhlig aig ùghdarrasan ionadail a tha a' cur iarrtas a-steach.

Cha bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail ach aon iarrtas a chur a-steach le fiosrachadh air gach tidsear a tha iad an dùil a chlàradh airson cùrsa.

## Eligible immersion courses

### UHI – An Cùrsa Comais

Delivered by either Lews Castle College or Sabhal Mòr Ostaig, An Cùrsa Comais is an intensive and interactive Gaelic language course for intermediate-level learners aiming for fluency in the language. The major focus is on language skills, both speaking and writing, but other subjects are introduced as the course progresses.

[Further information is available online here.](#)

### University of Glasgow

This Certificate of Higher Education allows you to develop advanced Gaelic language skills, as well as acquire in-depth knowledge and understanding of Scottish Gaelic language, culture and literature through advanced level Gaelic language immersion. This programme is ideal for adult learners and education professionals who want to develop their fluency in Gaelic.

## Fund rules

### Who can apply?

The fund is open to all local authorities in Scotland to place teachers on a Gaelic immersion course to help extend Gaelic-medium education provision.

There is no requirement for local authorities submitting applications to have a statutory Gaelic language plan or current Gaelic-medium education provision.

Local authorities should ideally submit only one application including details of each student they hope to place on a course.

## Clàr-ama

Bidh an sgeama a' toirt taic do thidsearan a bhios clàradh air cùrsa bogaidh Gàidhlig a bhios air an lìbhrigeadh agus crìochnachadh eadar 1 Lùnastal 2020 agus 31 Iuchar 2021.

Bu chòir iarrtasan taic-airgid air a bhith cur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig ro 3f air Dhihaoine 29 Cèitean 2020 airson beachdachadh air sa chiad chuairt iarrtasan. Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a thig a-steach as dèidh a cheann-latha seo ach ma tha maoineachadh air fhàgail.

'S ann air ùghdarrasan agus/no tidsearan a tha an uallach airson iarrtas a chur a-steach don cholaiste/oilthigh iomchaidh airson àite a ghlèidheadh air an cùrsa bogaidh Gàidhlig a thaghadh iad, taobh a-staigh clàr-ama a tha ann air an son.

Thathar an dùil gum bi co-dhùnadh air an toirt seachad do thagraichean meadhan an Ògmhios 2020 air iarrtasan taic-airgid aca do Bhòrd na Gàidhlig a thàinig as-steach ron cheann-uidhe.

Mar sin, bu chòir do dh' ùghdarrasan agus tidsearan dearbhadh na bi iad a' toirt dàil air iarrtas a chur a-steach airson àite air cùrsa gus a bheil co-dhùnadh taic-airgid ann ma tha seo ciallachadh gun caill iad an ceann-uidhe airson clàradh air a' chùrsa.

## Ìrean taic-airgid

'S e £340,000 am buidseat airson an sgeama seo. Faodar iarrtas a chur a-steach airson suas ri **£37,000** gach tidsear agus cha bhith Bòrd na Gàidhlig a' cur taic ri **barrachd na 80% de chosgaisean iomlan**.

Tha taic ri fhaighinn bhon a' mhaoin airson diofar pàirtean de bhith gabhail a' chùrsa, le ìre as àirde ann airson gach pàirt (airson gach tidsear):

- Suas ri **£30k** airson cosgaisean a chuireas taic ri teagaisg solarachaidh an àite tidsearan clàraichte air cùrsa bogaidh Gàidhlig
- Suas ri **£3k** airson àite-fuirich

## Timeframe

The fund will support teachers to enrol upon Gaelic-immersion courses which will take place and be fully completed between 1 August 2020 and 31 July 2021.

Funding applications should be submitted to Bòrd na Gàidhlig by 3pm Friday 29 May for consideration in the first round of applications. Applications received after this date shall only be considered if there is funds available.

Authorities and/or teachers are responsible for applying to the relevant college/university for a place on their chosen Gaelic immersion course within their specified timeframes.

It is expected that a decision on funding applications to Bòrd na Gàidhlig will be provided in mid-June 2020 for applications received by the deadline.

As such, authorities and teachers should ensure that they do not defer their application for a place on a course until a funding decision is reached if this will result in missing the course registration deadline.

## Funding levels

The budget allocated to this fund is £340,000. Applications may be made for up to a maximum of **£37,000** per teacher and Bòrd na Gàidhlig will provide **no more than 80% of total costs**.

Support is available from the fund towards different elements of undertaking the course, subject to a maximum level (per teacher):

- Up to **£30k** for costs in support of providing supply cover in place of teachers enrolled in a Gaelic immersion course
- Up to **£2k** for accommodation

- Suas ri **£2k** airson cìsean a' chùrsa
- Suas ri **£2k** airson siubhal

Bu chòir dhuibh dearbhadh san iarrtais agaibh an ìre de mhaoineachaidh eile (an dà chuid neo-ionmhasail no airgid) a tha sibh an dùil a chur ris a' phròiseict.

### Pròiseas measaidh iarrtasan

'S ann air ùghdarrasan ionadail agus tidsearan a tha an uallach airson iarrtas a chur a-steach as leth tidsearan air a' chùrsaichean aca, agus bu chòir iarrtasan a bhith air an cur a-steach mus bi co-dhùnadh air an iarrtas taic-airgid aca far a bheil sin comasach.

### Iarrtasan soirbheachail

Ma thèid gabhail ri iarrtas, thèid litir-tairgse agus aonta taic-airgid a chur chun an ùghdarras cho luath sa ghabhas le fios air na cumhachan maoineachaidh a th' ann.

Thathar an dùil gun tèid 80% den mhaoineachadh a phàigheadh nuair a thilleas an tagraiche an cùmhnant, a' dearbhadh am fios-banca aca agus toirt seachad fianais air clàradh air a' chùrsa/na chùrsaichean.

Bidh aithisg adhartas ghoirid a dhìth ro 31 Faoilleach 2021 a bhios toirt iomradh air adhartas nan tidsearan air na chùrsaichean agus teachd-a-steach/cosgaisean gu ruige sin.

Bidh aithisg dheireannach a dhìth ro 31 Lùnastal 2021 a bhios toirt iomradh air adhartas dheireannach nan tidsearan air na chùrsaichean aca, far a bheil na tidsearan stèidhichte, a bheil iad libhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus teachd-a-steach/cosgaisean fìor airson gach tidsear/cùrsa.

Bidh an 20% mu dheireadh ri phàigheadh as dèidh aithisg dheireannach iomchaidh air an toirt seachad agus dearbhadh air toirt seachad gu bheil gach tidsear air dol a-steach gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

- Up to **£2k** for course fees
- Up to **£2k** for travel

You should confirm your anticipated match funding (either in-kind and/or in cash) as part of the application.

### Application review process

Local authorities or teachers are responsible for applying for teachers' places on their chosen course, and should make applications in advance of receiving an outcome of their funding application where possible.

### Successful applications

If an authority's application for funding is successful, a letter of offer and funding agreement shall be issued to the authority as soon as possible outlining conditions of the grant.

It is expected that 80% of the total funding award shall be paid upon receipt of a signed funding agreement, confirmation of bank details and evidence of course enrolment.

A short progress report will be due by 31 January 2021 detailing progress of teachers on the course and income/expenditure so far.

A final report will be due by 31 August 2021 detailing the final progress of teachers on their courses, where the teachers are placed, whether they are delivering Gaelic-medium education and actual income/expenditure for all teachers/courses.

The final 20% of the funding award will be payable upon return of a satisfactory final report and confirmation that all teachers have progressed into Gaelic-medium education.

Ma tha, aig uair sam bith, tidsear a' tighinn far cùrsa no ma tha ùghdarras toirt air falbh an cothrom do thidsear a bhith teagaisg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig as dèidh dhaibh crìochnachadh cùrsa bogaidh Gàidhlig, bu choir fios air a bhith an toirt seachad do Bhòrd na Gàidhlig sa bhad.

If at any time a teacher discontinues a course or the local authority rescinds its decision to place the teacher in Gaelic-medium education after completion of the immersion course, Bòrd na Gàidhlig should be informed immediately.